


Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' COINNEACHADH ANN AN UIBHIST

19 An Dàmhair 2009

Bidh Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba le uallach airson a bhith ag adhartachadh leasachadh na Gàidhlig agus a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig a' gabhail a-steach foghlam, a' cumail coinneamh a' Bhùird-stiùiridh ann an Uibhist a-màireach (Dimàirt 20 Dàmhair), airson a' chiad uair.

Tha coinneamh a' Bhùird, a bhithear a' cumail ann an togalach Cothrom ann an Staoinibrig, mar phàirt de shreath thachartasan a bhios am Bòrd a' planadh gach bliadhna gus coinneachadh ris a' phoball agus ri diofar bhuidhnean eile a tha an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig.

Bidh am Bòrd a' coinneachadh eadar 1000-1300 gus raon fharsaing de chuspairean làithreach a dheasbad, agus bidh iad an uair sin a' coinneachadh san fhionnairidh ri buidheann de dh'aoighean a fhuair cuireadh, an dèidh tadhla san fheasgar air grunn phròiseactan co-cheangailte ri leasachadh na Gàidhlig air feadh Uibhist.

Thuirt Art MacCarraig, Cathraiche a' Bhùird: "Tha na coinneamhan seo a' toirt cothrom do ar buill coinneachadh ri daoine eile a tha an sàs ann am pròiseactan air feadh nan sgìrean Gàidhlig, agus cuideachd a' toirt cothrom do dhaoine bruidhinn ris a' Bhòrd ann an dòigh bhrìoghmhor mu chùisean sam bith a dh'fhaodadh a bhith buntainneach do an sgìrean fhèin. Tha Uibhist gu mòr na phrìomh cheàrnaidh don Bòrd an taobh a-staigh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus a thaobh ar n-oidhirpean air ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig a chruthachadh. Tha mòran a' dol air adhart an seo air am faod sinn togail ann an àiteachan eile, le dualchas saidhbhir de phròiseactan Gàidhlig ùr-ghnàthach bho thoiseach nam Fèisean, a thuilleadh air Ceòlas, Tobar an Dualchais, foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus Cothrom fhèin."

'S e coinneamh chunbalach de Bhòrd na Gàidhlig a tha seo agus a bharrachd air cùisean riaghlaidh àbhaisteach a' Bhùird, bithear a' deasbad air prìomh phròiseactan mar an ro-innleachd co-cheangailte ri fastadh luchd-teagaisg airson sgoiltean Gàidhlig agus leasachadh slighe dhreuchdan, solar Gàidhlig do bhuidhnean ro-aos sgoile, a thuilleadh air na Planaichean Gàidhlig deireannach bho Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba agus Ionnsachadh agus Teagast Alba.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



A bharrachd air an sin, thuirt Art MacCarmaig: “Bidh sinn a’ gabhail gnothaich na coinneamh seo uile os làimh mu choinneamh iarrtas Ministear na Gàidhlig a thaobh Plana Gniomh a chur thuige ro dheireadh na bliadhna, a bhos a’ cuimseachadh air meudachadh na h-àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha mi toilichte leis an adhartas a tha sinn a’ dùanamh air an sin, agus tha solar luchd-teagaisg Gàidhlig mar aon eileamaid dheth. Bidh buill a’ Bhùird a’ cur air adhart am beachdan fhèin air am bi an Sgioba Taic Eadar-amail a’ togail, gus cuideachadh le cur a’ Phlana Gniomh ri chèile. Bhithinn a’ dùileachadh gun tigeadh sin air ais airson deasbad deireannach aig coinneamh a’ Bhùird san Dùblachd, mus cuirear air adhart e chun a’ Mhinistear airson a chur an gnìomh sa Bhliadhna Ùr.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG MEETS IN UIST

19 October 2009

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to Scottish Ministers on Gaelic issues including education, will hold its Board meeting in Uist for the first time tomorrow (Tuesday, October 20).

The Board meeting, which will be held in the premises of Cothrom in Stonybridge, is part of a series of events planned by the Bòrd annually when it meets the public and other agencies and groups working in Gaelic development.

The Board meets from 1000-1300 to discuss a wide range of current issues and will then meet a group of invited guests in the evening, having visited a number of Gaelic related projects throughout Uist during the afternoon.

Bòrd Chair Arthur Cormack said: “These meetings present our Bòrd members with an opportunity to meet others involved in projects throughout the Gaelic-speaking areas and also allows people the chance to engage with the Bòrd in a meaningful way about any issues which may be relevant to their own areas. Uist is very much a key area for the Bòrd within the National Plan for Gaelic and our efforts to create a new generation of Gaelic speakers. There is a lot going on here which we can build on elsewhere and a rich tradition of innovative Gaelic projects from the start of the Fèisean movement, Ceòlas, Tobar an Dualchais, Gaelic medium education and Cothrom itself.”

This is a regular meeting of Bòrd na Gàidhlig and other than the regular issues of Bòrd governance, key projects being discussed include the strategy for recruiting teachers for Gaelic schools and development of career paths, Gaelic provision for pre-school groups, as well as the final Gaelic Plans from the Scottish Funding Council and the LTS.

Arthur Cormack added: “All of our business at this meeting will be undertaken against the backdrop of the Minister for Gaelic’s request to provide him with an Action Plan for increasing the number of Gaelic speakers by the end of the year. I am pleased with the progress we are making on that and the provision of Gaelic teachers is one element of that. Board members will be expressing their own views and their contribution will then be taken on board by the Interim Support Team which is compiling the Action Plan. I would expect that to come back to the Board for final discussion at its meeting in December, before it is presented to the Minister for action in the New Year.”